

## Briathrachas Gràmair

### Gàidhlig

àicheil  
ainmear  
ainmear gnìomhaireach  
ainmear  
aisneiseach  
àithneach  
alt  
alt pearsanta  
aona-lideach  
asgair  
boireann  
buadhair  
buadhair buaidh-aithriseach  
buadhair aisneiseach  
buadhair coimeasach  
buadhair feabhasach  
buaidh-aithriseach  
caol  
caolachadh  
co-bhuadhair  
co-shuidheachadh  
co-ghnìomhair  
coimeasach  
cònrag fiaclach  
cuideam  
cùisear  
cùmhnantach  
cunntairean àrdail  
cunntairean òrdail  
cuspair  
dàimheach  
dà-fhoghair  
eisimeileach  
feabhasach  
fireann  
fuaimreag chaol  
fuaimreag leathann  
ginideach  
gnè  
gnìomhair  
gnìomhaireach  
iar-leasachan  
infinideach  
iolra (iomarra)  
leathann  
lide  
modh  
modh àithneach

### Beurla

*negative*  
*noun*  
*verbal noun*  
*noun*  
*predicative*  
*imperative*  
*article*  
*possessive article*  
*monosyllabic*  
*apostrophe*  
*feminine*  
*adjective*  
*attributive adjective*  
*predicative adjective*  
*comparative adjective*  
*superlative adjective*  
*attributive*  
*slender*  
*slenderisation*  
*adjective modifier*  
*apposition*  
*adverb*  
*comparative*  
*dental consonant*  
*stress*  
*subject*  
*conditional*  
*cardinal numbers*  
*ordinal numbers*  
*object*  
*relative*  
*diphthong*  
*dependent*  
*superlative*  
*masculine*  
*slender vowel*  
*broad vowel*  
*genitive*  
*gender*  
*verb*  
*verbal*  
*suffix*  
*infinitive*  
*plural*  
*broad*  
*syllable*  
*mood*  
*imperative mood*

modh fulangach	<i>passive mood</i>
neo-eisimeileach	<i>independent</i>
neo-riaghailteach	<i>irregular</i>
pàirtear caithte	<i>past participle</i>
riaghailteach	<i>regular</i>
riochdair pearsanta	<i>personal pronoun</i>
riochdair roimhearach	<i>prepositional pronoun</i>
roimhear fillte	<i>compound preposition</i>
roimhear sìmplidh	<i>simple preposition</i>
ro-leasachan	<i>prefix</i>
sèimheachadh	<i>lenition</i>
singilte	<i>singular</i>
stràc geur	<i>acute accent</i>
stràc trom	<i>grave accent</i>
tàthan	<i>hyphen</i>
teàrnadh	<i>inflection</i>
tràth caithte	<i>past tense</i>
tràth cùmhnantach	<i>conditional tense</i>
tràth làthaireach	<i>present tense</i>
tràth làthaireach-gnàthach	<i>present habitual tense</i>
tràth seachad	<i>past tense</i>
tràth seachad-gnàthach	<i>past habitual tense</i>
tràth teachdail	<i>future tense</i>
tuisseal	<i>case</i>
tuisseal ainmneach	<i>nominative case</i>
tuisseal gairmeach	<i>vocative case</i>
tuisseal ginideach (seilbheach)	<i>genitive (possessive) case</i>
tuisseal tabhartach (roimhearach)	<i>dative (prepositional) case</i>

## Clàr-innse

### **Latha 1.**

1. Gnè ainmearan (*noun gender*)
2. Na ceithir tuisealan (*the four cases*)
3. An Tuiseal Tabhartach (*the dative case*)
4. Litreachadh na Gàidhlig (*Gaelic spelling*)

### **Latha 2:**

1. An Tuiseal Ginideach (*the genitive case*)
2. Na Tuisealan agus Buadhairean (*cases and adjectives*)
3. Eacarsaichean & ceartachadh mhearachdan (*exercises and correcting errors*)
4. Tuilleadh air Litreachadh na Gàidhlig (*more on Gaelic spelling*)

# Latha 1

## 1. Gnè ainmearan (*noun gender*)

Mar as trice tha ainmearan de na seòrsaichean a leanas **fireann** (*usually the nouns of the following types are masculine*):

- rudan a tha fireann (*masculine objects*) – **duine, tarbh**
- beathaichean òga (*young of animals*) – **uan, cuilean, isean, laogh**
- rudan a th' air an dèanamh nas lugha leis an iar-leasachan “-an” (*diminutives with the suffix “-an”*) – **bodachan, toman**
- ainmean chraobhan fa leth (*names of trees as individuals*) – **giuthas, darach**
- ainmearan a tha a' crìochnachadh ann an “-as” (*nouns ending in “-as”*) – **càirdeas, maitheas**
- ainmearan a tha a' crìochnachadh le “-air”, “-iche” agus “-ear”, a' ciallachadh gu bheil iad an sàs ann an gnìomh (*nouns ending in “-air”, “-iche” and “-ear”, indicating that they are an agent or doer*) – **sealgair, sgeulaiche, tàillear**

Mar as trice tha ainmearan de na seòrsaichean a leanas **boireann** (*usually the nouns of the following types are feminine*):

- rudan a tha boireann (*feminine objects*) – **bean, cearc**
- ainmean dhùthchannan (*names of countries*) – **Alba, an Spàinn, an Fhraing**
- ainmean chraobhan còmhla (*names of trees as collectives*) – **coille, iùbhrach**
- ainmean ionnstramaidean-ciùil (*musical instruments*) – **clàrsach, fidheall**
- ainmean ghalairean (*names of diseases*) – **a' bhreac, a' ghriùthrach**
- ainmean rudan anns na speuran (*names of heavenly bodies*) – **grian, gealach**
- rudan a th' air an dèanamh nas lugha leis an iar-leasachan “-ag” (*diminutives ending in “-ag”*) – **bànag, luchag**
- ainmearan a tha a' crìochnachadh le “-achd” (*nouns ending in “-achd”*) – **rìoghachd, mealltachd**
- ainmearan a tha a' crìochnachadh le “e”, a' comharrachadh comas/dìth-chomais (*nouns ending in “e” which denote an ability or lack thereof*) – **doille, buidhre**

**Ach thoiribh an aire:**

- tha **boireannach** fireann.
- tha **sgalag** boireann.
- atharraichidh cuid de dh'fhaclan an gnè bho thuisseal gu tuiseal me bidh cuid ag ràdh **an talamh** [fireann anns an tuiseal ainmneach], ach **na talmhainn** [boireann anns an tuiseal ghinideach] (*some words can change their gender from case to case eg talamh*).

**Eacarsaich: a bheil na h-ainmearan seo fireann no boireann? Sgrìobh “f” no “b”:**

*each*

*làir*

*eilean*

*planaid*

*roinn*

*riaghaltas*

*pàrlamaid*

*prìomhaire*

*buidheann*

*rìoghachd*

*muc*

*airgead*

## **An t-alt anns an tuiseal ainmneach**

*(The article in the nominative case)*

Airson tuigsinn mar a chuireas sibh na riaghailtean seo an cèill, feumaidh fios a bhith gaibh co-dhiù tha an t-ainmear fireann no boireann

### **Buidheann 1: Ainmearan a tha a' tòiseachadh le fuaimreag**

*(Group 1: Nouns which start with a vowel)*

#### **Fireann: bidh an t- ann romhpa**

an t-eilean, an t-eilean mòr  
an t-airgead, an t-airgead mòr

#### **Boireann: bidh an ann romhpa**

an aithisg, an aithisg mhòr  
an aois, an aois mhòr

### **Buidheann 2: Ainmearan a tha a' tòiseachadh le “s”**

*(Group 2: Nouns which start with “s”):*

#### **Fireann: bidh an ann romhpa**

an saoghal, an saoghal mòr  
an solas, an solas mòr

#### **Boireann: tha iadsan ann an dà bhuidhinn a rèir na thig as dèidh an “s”:**

*(feminine nouns are in two groups according to what follows the “s”)*

a. Far a bheil an “s” air a leantainn le fuaimreag no “l”, “n” no “r”, 's e an t-alt **an t-** (where the “s” is followed by a vowel or “l”, “n” or “r”, the article is **an t-**):

an t-seirbheis, an t-seirbheis mhòr  
an t-sìde, an t-sìde mhath

b. Far a bheil an “s” air a leantainn le “g”, “m”, “p” no “t”, 's e an t-alt **an** (where the “s” is followed by “g”, “m”, “p” or “t” the article is **an**):

an sgeulachd, an sgeulachd mhòr  
an spèis, an spèis mhòr

#### **Dè a' Ghàidhlig a th' air?:**

**the big nose:**

**the black eye:**

**the yellow soap:**

**Buidheann 3: Ainmearan a tha a' tòiseachadh le connragan bileach – b, m, p**  
**(Group 3: nouns which start with labial consonants – b, m, p):**

a. Fireann: 's e an t-alt **am** is chan eil sèimheachadh ann  
(the article with masculine nouns is **am** and there is no lenition):

am bainne, am bainne math  
am pàipear, am pàipear beag

b. Boireann: 's e an t-alt **a'**, is tha a' chiad litir air a sèimheachadh  
(feminine nouns are lenited and preceded by the article **a'**):

a' bheàrn, a' bheàrn mhòr  
a' phoit, a' phoit dhubh

**Buidheann 4: Ainmearan a tha a' tòiseachadh le “f” (nouns which start with “f”):**

a. Fireann: 's e an t-alt **am** is chan eil sèimheachadh ann  
(masculine nouns are preceded by **am** and there is no lenition):

am faclair, am faclair mòr

b. Boireann: 's e an t-alt **an**, is tha a' chiad litir air a sèimheachadh  
(feminine nouns are lenited and preceded by the article **an**):

an fhuil, an fhuil dhearg

**Buidheann 5: Ainmearan a tha a' tòiseachadh le “c” no “g”**  
**(nouns which start with “c” or “g”):**

a. Fireann: 's e an t-alt **an**, is chan eil sèimheachadh ann  
(masculine nouns are preceded by the article **an** and there is no lenition):

an ceum, an ceum mòr  
an geamhradh, an geamhradh fada

b. Boireann, 's e an t-alt **a'**, is tha a' chiad litir air a sèimheachadh  
(feminine nouns are lenited and preceded by the article **a'**):

a' chabhag, a' chabhag mhòr  
a' gheàrr, a' gheàrr bhàn

**Buidheann 6: Ainmearan a tha a' tòiseachadh le “d”, “n”, “r” no “t”:**  
**(nouns which start with “d”, “n”, “r” or “t”):**

Chan eil e gu diofar co-dhiù tha an t-ainmear fireann no boireann. 'S e an t-alt **an** agus **chan eil a' chiad litir air a sèimheachadh** (it makes no difference if the noun is masculine or feminine – it is **unlenited** and the article is **an**):

an doras (f)  
an nathair (b)

an drochaid (b)  
an rabhadh (f)

an naomh (f)  
an rionnag (b)

**Eacarsaich: Ath-sgrìobh na faclan a leanas leis an alt an sàs (rewrite each of the following words with the article)**

me: pàrlamaid > a' phàrlamaid

eilean

aois

uinneag

ìm

ionad

uireasbhaidh

uidheamachd

saoghal

sluagh

mòr-shluagh

sìde

fuil

ceum

cabhag

## 2. Na Ceithir Tuisealan (the four cases)

### Eisimpleirean singilte:

Coimhead air an t-seantans seo:

#### Chuir an gille ball a bhràthar fon chraoibh, a mhamaidh.

Tha còig ainmearan ann, a' riochdachadh nan ceithir tuisealan ann an Gàidhlig (*there are 5 nouns, representing the four cases in Gaelic*):

1. **Ainmneach (Nominative/Nominal):** *gille + ball*
2. **Tabhartach/Roimhearach (Dative/Prepositional):** Bidh ainmearan a' dol don tuiseal seo às dèidh roimhear sìmplidh (*nouns go in this case following a simple preposition me air, le, ri, fo. Craobh.*)
3. **Ginideach/Seilbheach (Genitive/Possessive):** Bidh ainmearan a' dol don tuiseal ghinideach airson [a] sealbh a shealltainn ('s ann leis a' bhràthair a tha am ball), [b] às dèidh roimhear fillte (roimhear le barrachd air aon eileamaid me airson), [c] uaireannan às dèidh ainmear gnìomhaireach *nouns go in the genitive case to [a] show ownership (the ball belongs to the brother), [b] following a compound preposition (a preposition with more than one element, eg airson), [c] sometimes following a verbal noun. Bràthair.*
4. **Gairmeach (Vocative):** Thèid ainmear don tuiseal seo ma tha cuideigin a' bruidhinn ris is ga ainmeachadh me "thig a-steach a Dhòmhnail." *A noun goes in this case if somebody is addressing it and naming it eg "thig a-steach a Dhòmhnail." Mamaidh.*

**Ainmich na h-ainmearan anns na seantansan a leanas. Dè an tuiseal anns a bheil gach fear? (Identify each noun in the following sentences. What case is each in?)**

- a. Trobhad, a Mhàiri.
- b. Chunnaic am poileas am mèirleach anns an togalach.
- c. Chan fhaca am poileas aodann a' mhèirlich.
- d. Greas ort mus bàsaich thu, 'ille.
- e. Bha airgead anns an sporan aige.
- f. Tapadh leat airson a' bhainne.

g. *Tha e a' glanadh na h-uinneig.*

h. *Tha e a' glanadh uinneag a' chàir.*

### **Eisimpleirean iolra:**

Coimhead air an t-seantans seo:

**Chuir na gillean buill am bràithrean fo na craobhan, a chàirdean.**

**Ainmich na h-ainmearan anns na seantansan a leanas. Dè an tuiseal anns a bheil gach fear? (Identify each noun in the following sentences. What case is each in?)**

a. *Trobhadaibh, a bhalachaibh.*

b. *Chunnaic na poilis na mèirlich anns na togalaichean.*

c. *Is e seo "Rathad nam Mèirleach".*

d. *Greasaibh oirbh, a chàirdean.*

e. *Bha saighdearan gu leòr anns na caistealan aige.*

f. *Tapadh leat airson nan cupannan.*

g. *Tha e a' glanadh nan càraichean le uisge teth.*

h. *Tha e a' glanadh uinneagan nan càraichean.*

### **3. An Tuiseal Tabhartach/Roimhearach** **(Dative/Prepositional Case in nouns)**

'S e an t-ainm eile a th' air an tuiseal thabhartach ***an tuiseal roimhearach*** air sgàth 's gur ann as dèidh roimhear sìmplidh mar as trice a chithear e (*the dative case is also known as the prepositional case because nouns most commonly appear in this case following a simple preposition*).

#### **Roimhearan sìmplidh le ainmear, ach gun alt** **(simple prepositions with nouns, but without the article):**

Tha na roimhearan sìmplidh ann an dà bhuidhinn:  
(*the simple prepositions are in 2 groups*):

##### **Roimhearan a tha ag** **adhbharachadh sèimheachadh** **(those which cause lenition)**

a  
bho (o)  
fo  
do  
de  
mu  
ro  
tro

##### **Roimhearan nach eil ag** **adhbharachadh sèimheachadh** **(those which do not cause lenition)**

à (às)  
aig  
air  
ann an (ann am)  
dha\*  
gu  
le  
ri

Mar sin, tha sinn a' faighinn:

a Phort Rìgh  
bho bhalaich  
fo chùram  
do chailleachan  
de dhaoine  
mu dheich  
ro mhadainn  
tro mheadhan na Gàidhlig

à Glaschu  
aig bòrd  
air beanntan  
ann am pailteas  
gu madainn  
le dùrachd  
ri dotairean

Chan eil e gu diofar co-dhiù tha an t-ainmear fireann no boireann, singilte no iolra (*it makes no difference if the nouns are masculine or feminine, singular or plural*)

Cha bhi alt pearsanta air a shèimheachadh as dèidh roimhear sìmplidh (*a possessive article is never lenited by a simple preposition*): **fo mo chasan, fo do chùram, bho mo chàirdean, ro mo bhracaist.**

**An tuiseal tabhartach: an riochd singilte leis an alt**  
**(the dative singular with the article):**

**Ainmearan fireann (gu lèir) agus ainmearan boireann a tha caol (all masculine nouns**  
**and slender feminine nouns):**

**Buidheann 1: A' tòiseachadh le fuaimreag**  
**(Group 1: starts with a vowel):**

**[an] no [roimhear + n]**

bhon allt, fon earball, don/dhan oifis, dhen uile-bheist,  
mun àm, tron ùrlar, air an uaireadair, às an Òban,  
anns an eaglais, ris an àireamh, leis an òstair.

*cuideachd: bhon an allt, fon an earball, don/dhan an oifis, dhen an uile-bheist,  
mun an àm, tron an ùrlar ...*

**Buidheann 2: A' tòiseachadh le “f”**  
**(Group 2: starts with “f”):**

**[an] no [roimhear + n] + [sèimheachadh]**

bhon fhear, don fhleasgach, dhen fhìrinn, mun fhàsach,  
tron fhalt, aig an fheansa, air an fheur, às an fhàsach,  
anns an fhreagairt, leis an fhradharc, ris an fhear.

*cuideachd bhon an fhear, don/dhan an fhleasgach, dhen an fhìrinn, mun an fhàsach,  
tron an fhalt*

**Buidheann 3: A' tòiseachadh le connrag bhileach (b, m, p) no c no g**  
**(if it starts with a labial consonant [b, m, p] or c or g):**

**[an] no [roimhear + n] + [sèimheachadh]**

bhon bhaile, fon bhòrd, don/dhan mhonadh, dhen phost, mun chuspair,  
ron Mhòd, tron ghrinneal, aig a' phrìs, air a' chliathaich,  
às a' phasgan, anns a' chlàsaid, ris a' ghnothach, leis a' bhogsa.

*cuideachd bhon a' bhaile, fon a' bhòrd, don/dhan a' mhonadh, dhen a' phost, mun a'  
chuspair, ron a' Mhòd, tron a' ghrinneal*

**Buidheann 4: A' tòiseachadh le d, l, n, r no t**  
**(if it starts with d, l, n, r or t):**

**[an] no [roimhear + n]**

bhon doras, fon làr, don/dhan nead, dhen rabaid, mun truinnsear,

ron latha, tron radan, aig an taigh, air an làr, às an nead,  
anns an rathad, ris an deasbad, leis an lìon.

*cuideachd bhon an doras, fon an làr, don/dhan an nead, dhen an rabaid, mun an  
truinnsear, ron an latha, tron an radan*

**Buidheann 5: A' tòiseachadh le "s", ach a-mhàin sg, sm, sp no st**  
**(if it starts with "s", except sg, sm, sp or st):**

**[an t-] no [roimhear + n + t-]**

bhon t-solas, fon t-sàbh, don/dhan t-seirbheis, dhen t-salm,  
mun t-sàl, ron t-samhradh, tron t-searmon,  
air an t-slaod, às an t-sìthe, anns an t-sràid, ris an t-sruth,  
leis an t-sràbh, air an t-saoghal

*cuideachd bhon an t-solas, fon an t-sàbh, don/dhan an t-seirbheis, dhen an t-salm, mun  
an t-sàl, ron an t-samhradh, tron an t-searmon*

NB: Nuair a tha buadhair ann ron ainmear, bidh sin a' leantainn nan riaghailtean me anns  
an **t-seann** aimsir, leis an **t-sàr**-chluicheadair.

**Buidheann 6: A' tòiseachadh le sg, sm, sp no st (if it starts with sg, sm, sp or st):**

**[an] no [roimhear + n]**

bhon sgoil, fon smùid, don/dhan sporan, dhen stòras, mun sgadan,  
ron smuain, tron smugaid, aig an spùinneadair, anns an stèisean,  
air an spiris, às an smiogaid, anns an sporan, ris an stòl, leis an sglèat

*cuideachd bhon an sgoil, fon an smùid, don/dhan an sporan, dhen an stòras, mun an  
sgadan, ron an smuain, tron an smugaid*

**Caolachadh ann an ainmearan boireann singilte**  
**(slenderisation of feminine nouns in the dative singular):**

NB Is e seo cleachdadh traidiseanta. Chan eil a h-uile duine a' cumail ri seo idir anns  
an latha an-diugh. Bidh cuid dìreach ga chur an sàs le pàirtean paidhriche dhen  
bhodhaig, me cluas, làmh.

Tha na h-ainmearan air an caolachadh mura h-eil iad caol mu thràth, nuair a tha an t-alt  
ann. (*Feminine nouns are **slenderised** if they are not already slender, in the presence of the  
article in the dative singular case*).

<u>Tuiseal ainmneach</u>	<u>Tuiseal tabhartach gun alt</u>	<u>Tuiseal tabhartach le alt</u>
a' chaileag	bho chaileag	<b>bhon chaileig</b>
a' chrùbag	fo chrùbag	<b>fon chrùbaig</b>
a' chluas	air cluas	<b>air a' chluais</b>
an làmh	air làimh*	<b>air an làimh</b>
an òrdag	air òrdag	<b>air an òrdaig</b>
an uinneag	aig uinneag	<b>aig an uinneig</b>
a' chailleach	aig cailleach	<b>aig a' chaillich</b>
a' ghealach	air gealach	<b>air a' ghealaich</b>
an nighean	le nighean	<b>leis an nighinn</b>

Ann an cuid de shuidheachaidhean, tha riochd sònraichte air an ainmear anns an tuiseal thabhartach shingilte (*there are some special cases of slenderisation*):

<u>Tuiseal ainmneach</u>	<u>Tuiseal tabhartach gun alt</u>	<u>Tuiseal tabhartach le alt</u>
a' bhò	le bò	<b>leis a' bhoin</b>
a' chas	air cas/air cois*	<b>air a' chois</b>
a' chlach	fo chlach	<b>fon chloich</b>
a' chlann	do chlann/do chloinn*	<b>don chloinn</b>
a' ghrian	fo ghrian/fo ghrèin*	<b>fon ghrèin</b>

\* Ann an cuid de dh'fhaclan bithidh caolachadh ann eadhaon às aonais alt (*in some circumstances the historical slenderisation is retained in modern usage even without the article*) *me an cois/by beside; ri làimh/to hand.*

### **Eacarsaich: eadar-theangaich na seantansan seo gu Gàidhlig:**

1. *He gave it to the children.*
2. *The old woman had it.*
3. *It was in the sermon.*
4. *It was hidden in the school.*
5. *Neil Armstrong walked on the moon.*
6. *The boat went with the current.*
7. *He was in the pulpit.*

8. *I'll see you about ten o' clock.*

9. *You can hear it in the music.*

10. *The pipe was under the road near the church.*

**An tuiseal tabhartach: an riochd iolra leis an alt:**  
**(the dative plural with the article):**

Tha seo coltach ris an tuiseal ainmneach iolra. 'S e an t-alt **na** agus chan eil an t-ainmear **air a shèimheachadh**. Tha **h-** ann ro fhuaimreag. Chan eil e gu diofar co-dhiù tha an t-ainmear fireann no boireann (*The dative plural is like the nominative plural. The article is **na** and it does not lenite the following noun. It takes an **h-** before a vowel. It makes no difference whether the noun is masculine or feminine*):

bho na caileagan, fo na dorsan, do na balaich, dhe na bailtean,  
mu na leabhraichean, ro na h-amannan, tro na h-uinneagan,  
aig na daoine, air na togalaichean, às na h-eileanan,  
anns na puirt, ris na duilgheadasan, leis na boireannaich.

Airson fiosrachadh: Ann an seann bhàrdachd is òrain, chithear an seann tuiseal tabhartach iolra anns an robh “-(a)ibh” aig an deireadh me “guma slàn do na fear**aibh**”, “bha na h-eòin anns na cranna**aibh**”. Tha sin air a dhol à bith.

**An tuiseal tabhartach agus aithneachadh (the dative and identification):**

an àite an gnìomhair is, faodar an tuiseal tabhartach a chleachdadh.

tha mi nam (na mo) phoileas  
tha iad nam peathraichean

tha thu nad (na do) thidsear, nach eil?  
tha sinn nar saighdearan

ciamar a chanadh tu?

when we were children:

when you were a baby:

they were rugby players:

when I was a fisherman:

you will be leaders:

**Eacarsaich: comharraich gach facal a tha anns an tuiseal thabhartach. Ma tha càil ceàrr air, cuir ceart e (identify the nouns in the dative case and, if they are wrong, correct them):**

Bha Alasdair a' fuireach anns am baile mhòr airson trì bliadhna, ach cha do chòrd e ris. Bha e na croitear gu chùl agus b' fheàrr leis a bhith ri obair an fhearainn. Bha gu leòr a' tachairt anns a' cathair-bhaile, ceart gu leòr, ach cha robh càil na b' fheàrr a chòrdadh ris anns an saoghal mhòr ach a bhith na shuidhe air a thòin air tractar agus a bhith a' treabhadh na talmhainn. Bha e fhèin is a bhràthair fìor mhath air treabhadh, eadhon nuair a bha iad nan cloinne.

Thuir Eachann 'ic Iain gun robh gun robh e air an slighe dhachaigh bho obair latha a bha seo, nuair a chunnaic e bràthair Alasdair a' dràibheadh an tractair leis fhèin. Cha robh e ach còig bliadhna a dh'aois. Saoil an robh fios aig na ùghdarrasan? Bha dìreach aon phoileas anns a' sgìre agus tha e coltach gun robh esan coma. 'S e "Leisgear" a chanadh muinntir an àite ris am fear sin.

Thogadh Alasdair anns an seann taigh faisg air a' chladach ann am Baile na Tràghad. Bidh sibh eòlach air an t-àite sin, tha mi cinnteach. Bha an taigh uaireigin na taigh-tughaidh, ach a-nise 's e taigh spaideil sglèatach a th' ann. An ath-dhoras bha seann taigh eile. Chaidh a leagail agus tha fear beartach ag iarraidh taigh ùr a thogail air an làrach.



#### 4. “io” gu “ea”:

Ann an (3) suas, chithear gu bheil an “io” ann an **coimhthional** air atharrachadh gu “ea” ann an **coitheanal**. Sin atharrachadh a thathar a’ moladh far nach eil cuideam air an lide sin (*in [4] above, the “io” in coimhthional has changed to an “ea” in coitheanal. That change is recommended where there is no stress on that syllable*):

<u>Mar a bha e</u>	<u>A-nis</u>
airgiod	<b>airgead</b>
coimhlionadh	<b>coileanadh</b>
coithional	<b>coitheanal</b>
boirionn	<b>boireann</b>
firionn	<b>fireann</b>
timchioll	<b>timcheall</b>

#### 5. “eu” agus “ia”:

Air sgàth an fhuaimneachaidh eadar-dhealaichte ann an diofar dhualchainntean, tha leithid **beul, ceud, meud, feur** a’ fuireach mar a bha iad.

ceud = 100; ciad = 1<sup>st</sup>

feur = grass, fìor = true

Tha **fìon** agus **mìos** a’ fuireach mar a bha iad: mìos = month; mias = basin

#### 6. “ao” gu “adh”:

Tha fuaimreag, a bha tric air a riochdachadh le “ao”, a-nise air a riochdachadh le “adh” (*a vowel sound which was often represented by “ao” is now represented by “adh”*):

<u>Mar a bha e</u>	<u>A-nis</u>
aobhar	<b>adhbhar</b>
aobrann	<b>adhbrann</b>
aoradh	<b>adhradh</b>

**ach** thathar a’ dèanamh sgaradh eadar sin agus am fuaim a th’ air a riochdachadh le “ao” ann am **faobhar, saor, daor, gaoth...**

#### 7. “u” gun chuideam gu “a”:

<u>Mar a bha e</u>	<u>A-nis</u>
àluinn	<b>àlainn</b>
altrum	<b>altram</b>
Bìobull	<b>Bìoball</b>
dorus	<b>doras</b>
fallus	<b>fallas</b>
maduinn	<b>madainn</b>
solus	<b>solas</b>
turus	<b>turas</b>
comunn	<b>comann</b>

**ACH** tha ainmean air am fàgail a rèir toil an duine/na buidhne fhèin – **An Comunn Gaidhealach, Dòmhnall/Dòmhnall**

**AGUS** leis gu bheil e cho cumanta, tha **agus** air fhàgail mar a bha e.

## 8. “àm” is “cam”:

Tha litreachadh an dà-fhoghair ro m ann am faclan mar **cam, lom, lampa** air a chumail mar a bha e, ach thathar a’ litreachadh **am** (“time”) mar **àm** airson a dhèanamh eadar-dhealaichte bho **am** mar a nochdas e ann an seaghan eile (*the spelling of the diphthong before m in words such as **cam, lom, lampa** is retained, but **am** (“time”) is now **àm** to differentiate it from other **am** forms*).

## 9. “sd” gu “st”:

Bu chòir **st** a chleachdadh aig toiseach, am broinn agus aig deireadh fhaclan (*st should be used in initial, internal and final positions*):

Mar a bha e  
trusdar  
seileasdair  
furasda  
colaisde  
èisdeachd  
pàisde  
an dràsda

A-nis  
trustar  
seileastair  
furasta  
colaiste\*  
èisteachd  
pàiste  
an-dràsta

**ACH** Iosa Crìosd, seach Crìost

## 10. “sg” seach “sc”:

Bu chòir **sg** a chleachdadh anns a h-uile àite seach **sc** (*sg should be used in all positions instead of sc*):

briosgaid, basgaid, sgitheadh, an asgaidh, am measg, Sgalpaigh.

## 11. “sp” seach “sb”

Bu chòir **sp** a chleachdadh an àite **sb** (*sp should be used instead of sb*):

*BUT “because of their frequency and familiarity” the following retain **sb**:*

deasbad, easbaig, Gilleasbaig, taisbeanadh

### **1.4.2 Sgrìobh an litreachadh ceart Gàidhlig anns gach cùis:**

<b>Beurla</b>	<b>Gàidhlig</b>
<i>mosquito</i>	
<i>house</i>	
<i>circus</i>	
<i>wages</i>	
<i>Lochboisdale</i>	

<i>important</i>	
<i>contemplate</i>	
<i>education</i>	

### 1.4.3 An tàthan (the hyphen):

Tha mì-chleachdadh an tàthain gu math cumanta. Feuch ris na prionnsabalan a leanas ionnsachadh.

1. Tha faclan **dà-** no **iomadh-eileamaideach**, far a bheil an **cuideam air a' chiad lide**, air an sgrìobhadh mar aon fhacal, **gun tàthan** (*words of two or more elements, where the stress falls on the first syllable, are written as one word, without a hyphen*):

**banrigh, banaltram, atharrais, dìochuimhnich, eatarrasan, anabarrach, eucoir, aoidionach**

2. Tha faclan **dà-** no **iomadh-eileamaideach**, far **nach eil** an cuideam air a' chiad lide, air an sgrìobhadh **le tàthan**. Mar as trice, thèid an tàthan ron lide air a bheil an cuideam (*words of two or more elements, where the stress does not fall on the first syllable, are written with a hyphen. Usually, the hyphen goes before the stressed syllable*):

**cas-chrom, ban-diùc, bana-phrionnsa, co-fharpais, co-labhairt, mì-thoileachas, mì-riaraichte, neo-eisimeileach**

3. Far a bheil iar-leasachan a' leantainn air riochdair roimhearach, air nach eil cuideam, bu chòir am facal a sgrìobhadh gun tàthan (*where there is an unstressed suffix on a prepositional pronoun, the word should be written without a hyphen*):

**agamsa, agadsa, aigesan, aicese, againne, agaibhse, acasan dhòmhsa, dhutsa, dhàsan, dhìse, dhuinne, dhuibhse, dhaibhsan leamsa, leatsa, leathase, leinne, leibhse, leothasan ormsa, ortsa, airsan, oirrese, oirne, oirbhse, orrasan**

**ach: leis-san, ris-san** (air sgàth an dà "s" còmhla)

4. Far a bheil iar-leasachan a' leantainn air ainmear, ainmear gnìomhaireach, roimhear fillte no buadhair, bu chòir tàthan a bhith ann (*where a suffix follows a noun, verbal noun, compound preposition or adjective, it should include a hyphen*):

**mo chòta-sa, gam bhualadh-sa, ri a taobh-se, do leabhar dearg-sa**

5. Far a bheil **-eigin** a' leantainn air connrag, cha bu chòir tàthan a bhith ann, Ach tha an tàthan a' dol ann as dèidh fuaimreag (*where -eigin follows a consonant, there is no hyphen. But there is a hyphen following a vowel*):

**rudeigin, air choreigin, feareigin, badeigin, latheigin**

**ACH      tè-eigin**

6. Ann an co-ghnìomhairean mar **a-mach**, far a bheil an cuideam air an dàrna lide, thathar a' cleachdadh tàthan (*in adverbs like a-mach, where the stress is on the second syllable, a hyphen is used*):

**a-mach, a-steach, a-muigh, a-staigh, a-null, a-nall, a-nuas,  
a-bhos, a-rithist, a-nis, a-mhàin**

7. Tha roimhearan fillte, le cuideam air an dàrna lide, air an sgrìobhadh mar dhà fhacal gun tàthan (*compound prepositions, with the stress on the second syllable, should be written as two words without a hyphen*):

**am measg, a rèir, a dh'ionnsaigh, os cionn, am broinn, mu dheidhinn, a  
thaobh, air sgàth, air feadh, an àite**

8. Thathar a' sgrìobhadh **ciamar, carson** agus **airson** mar aon fhacal gun tàthan – a dh'aindeoin riochdan mar **air a shon fhèin** (*ciamar, carson and airson are written as one word without a hyphen – despite such forms as air a shon fhèin*).

9. Tha **làithean na seachdainne** air an sgrìobhadh mar aon fhacal, gun tàthan agus gun cheann-litrichean nam broinn (*days of the week are written as a single word, without a hyphen and without internal capitalisation*):

**Diluain, Dimàirt, Diciadain** (chan e Diciadaoin), **Diardaoin, Dihaoine,  
Disathairne, Didòmhnaich**

10. Ann an **ainmean-àite**, faodaidh tàthan a bhith ann an cuid de sheann ainmean m.e. **Earra-Ghàidheal, Gall-Ghàidhealaibh**. Ach tha a' chuid as motha às aonais tàthan. Agus far a bheil còrr is aon eileamaid Ghàidhlig ann, bu chòir an t-ainm a bhith sgrìobhte mar dhà fhacal (*with place names, hyphens might be employed in old names like Earra-Ghàidheal, Gall-Ghàidhealaibh. But most are hyphen-free. Where two or more Gaelic elements exist, the name should be written as two words*):

<b>Inbhir Nis</b>	<b>Dùn Èideann</b>	<b>Obar Dheathain</b>
<b>Druim Chapall</b>	<b>Dùn Bheagan</b>	<b>Port Rìgh</b>

11. Chan eil tàthan eadar riochdair pearsanta agus **fhìn/fhèin** (*there is no hyphen between a personal pronoun and fhìn/fhèin*):

**mi fhìn, thu fhèin, e fhèin, i fhèin, sinn fhèin, sibh fhèin, iad fhèin**

12. Bidh tàthan ann far a bheil facal fillte, le **neach, fear, bean, tè, luchd**, co-cheangailte ri dreuchd (*compound words concerning profession containing the elements neach, fear, tè, luchd, will be hyphenated*):

<b>neach-sgrùdaidh</b>	<b>neach-labhairt</b>	<b>neach-togail</b>
<b>fear-bùtha</b>	<b>fear-cathrach</b>	<b>fear-deasachaidh</b>
<b>bean-chèile</b>	<b>bean-chìche</b>	<b>bean-ghlùin</b>
<b>luchd-èisteachd</b>	<b>luchd-ciùil</b>	<b>luchd-leughaidh</b>

13. Bidh tàthan ann an ainmearan is co-ghnìomhairean fillte as dèidh **ath** (*there is a hyphen in compound nouns and adverbs, following ath*):

**ath-leasachadh**      **ath-sgrìobhadh**      **ath-sgrùdadh**  
**an ath-bhliadhna**      **an ath-dhoras**      **an ath-mhìos**

14. Bidh tàthan ann an ainmearan fillte as dèidh **àrd** (*there is a hyphen in compound nouns, following àrd*):

**àrd-easbaig**      **àrd-ollamh**      **àrd-sgoil**

15. Co-ghnìomhairean cumanta a dh'fheumar ionnsachadh (*common adverbs which must be learned*):

**a-nochd**      **a-raoir**      **an-diugh**  
**an-dè**      **an-ceartuair**      **an-uiridh**  
**an-dràsta**      **an-earar**      **an-còmhnaidh**  
**a-màireach**

16. Àirdean na combaist (*points of the compass*):

**an ear, an àird an ear** *ach an ear-thuath, an earra-dheas*  
**an iar, an àird an iar** *ach an iar-thuath, an iar-dheas*  
**an àird a tuath**  
**an àird a deas**

**Ecarsaich: an tàthan.**

<b>Beurla</b>	<b>Gàidhlig</b>
<i>rejuvenate</i>	
<i>imitation</i>	
<i>fifty</i>	
<i>potato</i>	
<i>it's mine</i>	
<i>our money</i>	
<i>someone</i>	
<i>tomorrow night</i>	
<i>without</i>	

## **Oidhcheannan na Seachdain**

Tha GOC a' moladh mar a leanas:

Oidhche Luain  
Oidhche Mhàirt  
Oidhche Chiadain  
Oidhche Ardaoin/Dhiardaoin  
Oidhche Haoine  
Oidhche Shathairne  
Oidhche Dhòmhnach/  
Oidhche na Sàbaid

# Latha 2

## 1. An Tuiseal Ginideach (*Genitive Case in nouns*)

'S e an tuiseal ginideach a tha sinn a' cleachdadh airson sealbh no buntanas fhoillseachadh (am measg eile). Mar eisimpleir, ma tha taigh le Seumas, canaidh sinn **taigh Sheumais** ris. 'S e **Sheumais** an dreach ginideach a th' air Seumas (*we use the genitive case to express ownership or belonging [among other things]. For example, if Seumas owns a house, we call it **taigh Sheumais**. **Sheumais** is the genitive form of Seumas*).

Seo eisimpleirean eile, leis na h-ainmearan anns an tuiseal ghinideach ann an litrichean tromha (*other examples with the nouns in the genitive case in bold*)::

leabhar **Dhòmhnaill**  
earball a' **chait**

peann na **caileige**  
mullach **beinne**

Faodaidh ainmearan anns an tuiseal ghinideach a bhith air an cleachdadh mar bhuaidhearan (*nouns in the genitive may be used as adjectives*):

seillean **meala**  
geansaidh **balaich**

baga **sgoile**  
corp **fireannaich**

### Ainmearan singilte gun alt (*singular nouns without the article*):

Buidheann 1: air an cruthachadh le caolachadh “àbhaisteach”:  
(*Group 1: genitives formed by “standard” slenderisation*):

Anns a' mhòr-chuid de dh'ainmearan, thèid deireadh an fhacail a chaolachadh agus, ann am feadhainn bhoireann, thèid “e” a chur air an deireadh – ged nach eil sin cho cumanta an-diugh. Far a bheil e caol mu thràth, tha e a' fuireach mar a tha e (*for the majority of nouns, the genitive is formed by **slenderising** and, in the case of feminine nouns, by adding a terminal e – although this is tending to go out of fashion. Where the noun ending is already slender, it cannot be further slenderised and remains the same*):

### Ainmearan fireann (*masculine nouns*):

<b>cat</b>	bobhla <b>cait</b>	<i>a cat's bowl</i>
<b>eagal</b>	cùis <b>eagail</b>	<i>a cause of fear</i>
<b>òran</b>	deireadh <b>òrain</b>	<i>a song's end</i>
<b>ministear</b>	taigh <b>ministeir</b>	<i>a minister's house</i>
<b>Gàidheal</b>	brògan <b>Gàidheil</b>	<i>a Gael's shoes</i>
<b>èildear</b>	dleastanas <b>èildeir</b>	<i>a (church) elder's duty</i>
<b>baile</b>	meadhan <b>baile</b>	<i>middle of a town</i>
<b>tancair</b>	toiseach <b>tancair</b>	<i>a tanker's bow</i>

**Ainmearan boireann (feminine nouns):**

lámh	fòn <b>làimhe</b>	<i>a mobile (hand) phone</i>
caileag	leabhar <b>caileige</b>	<i>a girl's book</i>
eaglais	mullach <b>eaglaise</b>	<i>a church's roof</i>
sgoil	maighstir <b>sgoile</b>	<i>a schoolmaster</i>

**Buidheann 2: air an cruthachadh le caolachadh “neo-àbhaisteach”:**  
**(Group 2: genitives formed by non-standard slenderisation):**

**ea gu i:**

ceann	coltas <b>cinn</b>	appearance of a head
fear	aodach <b>fir</b>	a man's clothes

**o is a gu ui:**

bòrd	cas <b>bùird</b>	<i>leg of a table</i>
allt	bruach <b>uillt</b>	<i>bank of a stream</i>
falt	dath <b>fuil</b>	<i>colour of hair</i>
cnoc	mullach <b>cnuic</b>	<i>top of a hill</i>

**eo gu iui:**

ceòl	luchd- <b>ciùil</b>	<i>musicians</i>
------	---------------------	------------------

**eu gu eoi:**

beul	coltas <b>beòil</b>	<i>appearance of a mouth</i>
feur	dath <b>feòir</b>	<i>colour of grass</i>

**ia gu ei no i:**

fiadh	ceann <b>fèidh</b>	<i>head of a deer</i>
sgian	faobhar <b>sgeine</b>	<i>cutting edge of a knife</i>
biadh	taigh <b>bìdh</b>	<i>restaurant</i>
grian	solas <b>grèine</b>	<i>sunlight</i>
iasg	ceann <b>èisg</b>	<i>a fish's head</i>

**Buidheann 3: air an cruthachadh le “a” aig an deireadh:**  
**(Group 3: genitives formed by adding a terminal “a”):**

Tha seo a’ tachairt le corra fhacal fireann agus boireann (*this occurs in a few masculine and feminine nouns*):

pìob	ceòl <b>pìoba</b>	<i>bagpipe music</i>
loch	bruach <b>locha</b>	<i>bank of a loch</i>
fuil	dòrtadh- <b>fala</b>	<i>bloodshed</i>
muir	muc- <b>mhara</b>	<i>whale (“sea-pig”)</i>

Buidheann 4: air an cruthachadh le “ach” aig an deireadh  
(Group 4: genitives formed by adding a terminal “ach”):

Ainmearan boireann a tha gu tric a’ crìochnachadh le “ir”. Bidh an lide mu dheireadh anns an tuiséal ainmneach a’ falbh uaireannan (*this happens with feminine nouns, which often terminate in “ir”. The final syllable in the nominative often disappears*):

obair	luchd- <b>obrach</b>	<i>workers (people of work)</i>
litir	toiseach <b>litreach</b>	<i>start of a letter</i>
cathair	fear- <b>cathrach</b>	<i>a chairman</i>
caora	ceann <b>caorach</b>	<i>a sheep’s head</i>

Ainmearan singilte leis an alt: (singular nouns with the article):

Ainmearan fireann (masculine nouns):

<b>a’ + sèimheachadh</b>	ro <b>b, c, g, m</b> agus <b>p</b>
<b>an t-</b>	ro <b>s</b> , ach a-mhàin <b>sg, sp</b> agus <b>st</b>
<b>an + sèimheachadh</b>	ro <b>f</b>
<b>an</b>	a h-uile cùis eile

bainne	fear <b>a’ bhainne</b>	<i>the milkman</i>
mathan	ceann <b>a’ mhathain</b>	<i>the bear’s head</i>
pàipear	dath <b>a’ phàipeir</b>	<i>the colour of the paper</i>
slugan	meadhan <b>an t-slugain</b>	<i>the middle of the whirlpool</i>
saighdear	gunna <b>an t-saighdeir</b>	<i>the soldier’s gun</i>
fear	bonaid <b>an fhir</b>	<i>the man’s bonnet</i>
òran	deireadh <b>an òrain</b>	<i>the end of the song</i>

Ainmearan boireann (feminine nouns):

<b>na h-</b>	ron a h-uile fuaimreag
<b>na</b>	a h-uile cùis eile

eaglais	doras <b>na h-eaglais(e)</b>	<i>the door of the church</i>
òrdag	ceann na <b>h-ordaig(e)</b>	<i>the end of the thumb</i>
uinneag	glainne na <b>h-uinneig(e)</b>	<i>the glass of the window</i>
craobh	geugan na <b>craoibhe</b>	<i>the branches of the tree</i>
slat	ceann na <b>slait</b>	<i>the end of the rod</i>
sràid	meadhan <b>na sràid(e)</b>	<i>the middle of the street</i>

**Ainmearan le riochd neo-riaghailteach anns an tuiséal ghinideach shingilte:**  
**(nouns with irregular forms in the genitive singular):**

<b><u>Beurla</u></b>	<b><u>Ainmneach</u></b>	<b><u>Ginideach</u></b>	<b><u>Eisimpleir</u></b>
<i>river</i>	abhainn (b)	<b>aibhne</b>	beul na h-aibhne
<i>father</i>	athair (f)	<b>athar</b>	piuthar m' athar
<i>wedding</i>	banais (b)	<b>bainnse</b>	bean na bainnse
<i>wife</i>	bean (b)	<b>mnà</b>	baga na mnà
<i>cow</i>	bò (b)	<b>bà</b>	bainne na bà
<i>brother</i>	bràthair (f)	<b>bràthar</b>	bean mo bhràthar
<i>foot, leg</i>	cas (b)	<b>coise</b>	bonn na coise
<i>stone</i>	clach (b)	<b>cloiche</b>	cuideam na cloiche
<i>children</i>	clann (b)	<b>cloinne</b>	aodach na cloinne
<i>dog</i>	cù (f)	<b>coin</b>	biadh a' choin
<i>back, ridge</i>	druim (f)	<b>droma</b>	mullach an droma
<i>country</i>	dùthaich (b)	<b>dùthcha</b>	crìochan na dùthcha
<i>bird</i>	eun (f)	<b>eòin</b>	gob an eòin
<i>bed</i>	leabaidh (b)	<b>leapa</b>	cas na leapa
<i>son</i>	mac (f)	<b>mic</b>	taigh a' mhic
<i>mother</i>	màthair (b)	<b>màthar</b>	bràthair mo mhàthar
<i>honey</i>	mil, mel (b)	<b>meala</b>	blas na meala
<i>sister</i>	piuthar (b)	<b>peathar</b>	cù mo pheathar
<i>house</i>	taigh (f)	<b>taighe</b>	doras an taighe
<i>beach</i>	tràigh (b)	<b>traghad</b>	sealladh na traghad

**Eacarsaich: eadar-theangaich seo gu Gàidhlig:**

*a. work*

*b. of the work*

*c. workers*

*d. of the workers*

*The base of the ridge.*

*The beach's sand.*

*The beginning of the letter.*

*The joiner's hammer.*

*The head of the hammer.*

*The taste of the food.*

*A mackerel's tail.*

*The interest rate.*

### **An tuiseal ginideach iolra (the genitive plural):**

#### **Buidheann 1: Co-ionann ris an tuiseal ainmneach shingilte (identical to the nominative singular):**

'S e an t-alt **nan**, no **nam** ro **b, f, m** no **p**. Far **nach eil alt ann**, tha am facal **air a shèimheachadh**. Tha 4 buidhnean de dh'ainmearan mar seo (*the article is **nan**, or **nam** before **b, f, m, p** and, where there is no article, the word is lenited. There are 4 groups of nouns which operate this way*):

Ainmearan fireann far a bheil an riochd iolra air a chruthachadh le **caolachadh** me. tha **cat** [singilte] ag atharrachadh gu **cait** [iolra]; bidh bodach [old man] ag atharrachadh gu bodaich [old men] (*masculine nouns whose plural is formed by **slenderisation***):

<u>Ainmneach sing.</u>	<u>Ainmneach iolra</u>	<u>Ginideach iolra</u>	<u>Beurla</u>
cat	cait	cinn <b>chat</b> cinn <b>nan cat</b>	<i>cats' heads</i> <i>the heads of the cats</i>
càrn	cùirn	clachan <b>chàrn</b> clachan <b>nan càrn</b>	<i>stones of cairns</i> <i>the cairns' stones</i>
each	eich	casan <b>each</b> casan <b>nan each</b>	<i>horses' legs</i> <i>the horses' legs</i>
bodach	bodaich	beachd <b>nam bodach</b>	<i>the old men's opinion</i>

Feadhainn aona-lideach a tha a' crìochnachadh le fuaimreag leathann anns an tuiseal ainmneach shingilte. Tha iad, mar as trice, boireann (some single-syllable nouns whose last vowel in the nominative singular is broad. They are generally feminine):

<u>Ainmn. sing.</u>	<u>Ainmn.iolra</u>	<u>Ginideach iolra</u>	<u>Beurla</u>
bròg	brògan	buinn <b>bhròg</b> bùth <b>nam bròg</b>	<i>soles of shoes</i> <i>the shoe shop</i>
long	longan	port <b>nan long</b>	<i>the port of the ships</i>
cearc	cearcan	taigh- <b>chearc</b> cinn <b>nan cearc</b>	<i>a hen-house (house of hens)</i> <i>the hens' heads</i>
cas	casan	fuaim <b>nan cas</b>	<i>the sound of the feet</i>

Cuid de dh'ainmearan a tha a' crìochnachadh le **-an** no **-ant** anns an tuiseal ainmneach shingilte (some words which end in **-an** or **-ant** in the nominative singular):

<u>Ainmn. sing.</u>	<u>Ainmn.iolra</u>	<u>Ginideach iolra</u>	<u>Beurla</u>
sgian	sgeinean	call <b>nan sgian</b>	<i>the loss of the knives</i>
eilean	eileanan	muintir <b>nan eilean</b>	<i>the people of the islands</i>
pàrant	pàrantan	Comann <b>nam Pàrant</b>	<i>the parents' association</i>

Cuid de dh'ainmearan fireann, far a bheil an tuiseal ginideach **singilte** air a chruthachadh le **“a” aig deireadh an fhacail** m.e. **sruth** (a few masculine nouns whose genitive singular is formed by adding a terminal **“a”**, eg **sruth**):

<u>Ainmn. sing.</u>	<u>Ainmn.iolra</u>	<u>Ginideach iolra</u>	<u>Beurla</u>
sruth	sruthan	torman <b>shruth</b> torman <b>nan sruth</b>	<i>murmur of streams</i> <i>the murmur of the streams</i>
loch	lochan	sgìre <b>nan loch</b>	<i>the parish of the lochs</i>

**Buidheann 2: Co-ionann ris an tuiseal ainmneach iolra (identical to the nominative plural):**

<u>Ainmn. sing.</u>	<u>Ainmn.iolra</u>	<u>Ginideach iolra</u>	<u>Beurla</u>
eaglais	eaglaisean	ministearan <b>eaglaisean</b> ministearan <b>nan eaglaisean</b>	<i>ministers of churches</i> <i>the ministers of the churches</i>
càr	càraichean	dorsan <b>chàraichean</b> dorsan <b>nan càraichean</b>	<i>doors of cars</i> <i>the doors of the cars</i>
nathair	nathraichean	beòil <b>nan nathraichean</b>	<i>the mouths of the snakes</i>

iasgair	iasgairean	eathraichean <b>iasgairean</b>	<i>fishermen's boats</i>
		eathraichean <b>nan iasgairean</b>	<i>the fishermen's boats</i>
briosgaid	briosgaidean	bogsa <b>bhriosgaidean</b>	<i>a box of biscuits</i>
		blas <b>nam briosgaidean</b>	<i>the taste of the biscuits</i>

**NB:** A thaobh fuaimneachadh, thathar a' feuchainn, mar as trice, ris an **fhuaimreag mu dheireadh a dhèanamh leathann.** (*the general tendency is to ensure that the final sound, ie the final vowel, in the genitive plural is broad*).

### **Buidheann 3: Feadhainn neo-riaghailteach**

(the following are irregular):

<u>Ainmn. sing.</u>	<u>Ainmn.iolra</u>	<u>Ginideach iolra</u>	<u>Beurla</u>
bean	mnathan	buidheann <b>bhan</b> buidheann <b>nam ban</b>	<i>a women's group</i> <i>the women's group</i>
beinn	beanntan	mullaichean <b>bheann(tan)</b> mullaichean <b>nam beann</b>	<i>summits of mountains</i> <i>the summits of the mountains</i>
cù	coin	casan <b>chon</b> casan <b>nam con</b>	<i>dogs' legs</i> <i>the dogs' legs</i>
caora	caoraich	clòimh <b>nam caorach</b>	<i>the wool of the sheep</i>
bò	bà	geumnaich <b>nam bò</b>	<i>the lowing of the cows</i>

### **Eacarsaich: eadar-theangaich na leanas (translate the following):**

*The park is full of dogs.*

*A horse race will be held.*

*There were hens' wings there, but no hens.*

*The hen's wings.*

*The brothers' opinion.*

*The sisters' opinion.*

*The women's hospital (use "bean")*

*A pig sty (use "fail")*

## Mac is Mic:

*Mac = son; mic = sons*

This is an example of pluralization by slenderization

## Eadar-theangaich seo gu Gàidhlig (nòs traidiseanta)

a. *in her son's house*

b. *in her sons' house*

c. *in his son's house*

d. *in his sons' house*

## Suidheachaidhean eile anns am bi ainmearan a' dol don tuiseal ghinideach: (other situations in which nouns go into the genitive case):

### 1. As dèidh roimhear fillte (after a compound preposition):

a dh'aindeoin

a dh'aindeoin **nan trioblaidean**

a dh'ionnsaigh

a dh'ionnsaigh **a' bhaile**

air cùl

air cùl **an dorais**

air beulaibh

air beulaibh **a' bhùird**

air feadh

air feadh **na dùthcha**

air muin

air muin **an eich**

air sgàth

air sgàth **na cloinne**

airson

airson **na h-oidhche**

am broinn

am broinn **an taighe**

am measg

am measg **nam bodach**

an aghaidh

an aghaidh **na gaoithe**

an àite

an àite **an airgid**

an cois

an cois **an rathaid**

an dèidh

an dèidh **a' ghnothaich**

a rèir

a rèir **a' mhinisteir**

às aonais

às aonais **mo mhàthar**

fa chomhair

fa chomhair **an tidseir**

mu choinneamh

mu choinneamh **na bùtha**

mu dheidhinn

mu dheidhinn **na h-obrach**

mun cuairt

mun cuairt **an t-saoghail**

mu thimcheall

mu thimcheall **an taighe**

os cionn

os cionn **na mara**

ri taobh

ri taobh **mo leapa**

**Thoir an aire!!** Tha cuid de roimhearan fillte air a bheil dreach sìmplidh an-diugh (*some compound prepositions now have the appearance of simple prepositions*):

chun	<b>chun na h-aibhne</b>
far (bhàrr)	<b>far an rathaid</b>
rè	<b>rè na h-oidhche</b>
tarsainn	<b>tarsainn na drochaid</b>
thar	<b>thar a' chuain</b>

**Cuideachd:** Bi mothachail do roimhearan le “ri” is “air” a ghabhas an tuiséal tabhartach (*be aware of prepositions with “ri” and “air” which take the dative case*):

còmhla ris a' bhoireannach      seachad air an taigh

**2. As dèidh ainmear gnìomhaireach, co-dhiù nuair a tha an t-alt ann**  
(*after a verbal noun, at least when the article is present*):

Tha mi a' deanamh <b>obair</b>	<i>I am doing work</i>
Bha mi ag ithe <b>feòil</b>	<i>I was eating meat</i>
<b>Ach</b>	
Tha mi a' deanamh <b>na h-obrach</b>	<i>I am (at the) doing (of) the work</i>
Bha thu ag ithe <b>na feòla</b>	<i>you were eating the meat</i>
Bidh sibh a' leughadh <b>an leabhair</b>	<i>you will be reading the book</i>
Bha iad a' togail <b>na cloinne</b>	<i>they were lifting the children</i>
Tha sinn a' glasadh <b>na h-eaglais(e)</b>	<i>we are locking the church</i>
Bidh mi a' bleoghan <b>na bà</b>	<i>I will be milking the cow</i>

**NB:** Tha seo dìreach fìor nuair a tha an t-ainmear gnìomhaireach a' tighinn **ron** ainmear. Ma tha e as a dhèidh, thèid an t-ainmear don tuiséal ainmneach (*this is only true if the verbal noun comes before the noun; if it follows it, the noun will be in the nominative*):

Tha mi air **an obair** a dhèanamh  
Bha e ag iarraidh **an litir** a sgrìobhadh  
Bha e airson **an aithris** a chrìochnachadh  
Tha e air **an t-uisge** òl  
Bha sin as dèidh dhaibh na **h-uinneagan** a ghlanadh

Ach **tha** e fìor ma nochdas an t-ainmear gnìomhaireach ann an riochd rùnach as dèidh gnìomhair gluasaid (*but the rule applies if the verbal noun appears in the mode of intent following a verb of motion*):

Chaidh mi a dh'iarraidh **nam pàipearan**  
Dh'fhalbh e a reic **nan leabhraichean**  
Tha mi a' dol a choiseachd **nam beann**  
Thig iad a dh'fheuchainn **nam bròg**

### **Puingean eile mu dheidhinn an tuiseil ghinidich (other points about the genitive case):**

Nuair a tha ainmear a' leantainn air ainmear meudachd me tuilleadh, barrachd, bidh e mar as trice anns an tuiseal ghinideach (*when a noun follows a noun of quantity eg tuilleadh, barrachd, it is usually in the genitive*):

tuilleadh <b>airgid</b>	barrachd <b>dòchais</b>
toiseach <b>tòiseachaidh</b>	mòran <b>chàraichean</b>
beagan <b>foghlaim</b>	an t-uabhas <b>shaighdearan</b>
gainnead <b>phlèanaichean</b>	dìth <b>obrach</b>

Nuair a tha sreath ainmearan ann, agus iad uile seilbheach, gu traidiseanta, 's e dìreach am fear mu dheireadh air am biodh an riochd ginideach (*in a series of nouns, in which they are all possessive, it is traditionally only the last noun which would go in the genitive*):

allt **na beinne**  
coille allt **na beinne**  
meadhan coille allt **na beinne**  
dorchadas meadhan coille allt **na beinne**

### **Eacarsaich: An tuiseal ginideach: ceartaich na mearachdan:**

Tha tè de chomataidhean a' Phàrlamaid a' moladh gun cleachd fad a bharrachd de mhuintir na h-eileanan mòine mar chonnadh. Tha iad dhen beachd gun dèanadh sin feum do dh'eaconamaidh nan eileanan agus do shlàinte na pobail. Tha iad a' moladh gum bi an fheadhainn a tha a' cleachdadh gual a' pàigheadh barrachd airgead ann an cìsean, agus tha iad a' faighinn taic bho cheannard nan Tòraidh agus ceannard nan Nàiseantaich, a bharrachd air mòran air beingean na Lib-Deamaich.

“Tha beachd na mòr-shluaigh cudromach,” thuirt cathraiche na comataidh taobh a-muigh a' Phàrlamaid feasgar, “ach tha ar beachd-ne nas cudromaiche. Agus an-dràsta, tha cus dhaoine anns na h-eileanan a' ceannach gual bho chompanaidhean ann am baile Steòrnabhagh.” A rèir a' chomataidh, bhiodh Alba na b' fheàrr às aonais an connadh sin. Tha iad ag ràdh gu bheil gual salach is gum bi e a' milleadh an àrainneachd. “Tha sinn a' moladh na connaidh a bh' aig na Gàidheil air feadh a' Ghàidhealtachd o shean,” thuirt an cathraiche. Tha iad airson 's gun ceannaich a h-uile teaghlach tairisgeir ro dheireadh a' bhliadhna.

## 2. Tuisealan agus Buadhairean (*case and adjectives*)

'S e buadhair facal a tha a' toirt tuairisgeul air ainmear no riochdair (*an adjective is a word which describes a noun or pronoun*):

*dubh*

*mòr*

*mìorbhaileach*

*Bidh sibh eòlach air mar a tha buadhair ag obair ann an co-bhuinn ri ainmear anns an tuiseal ainmneach shingilte is mar a tha sèimheachadh ann a rèir gnè an ainmeir me bòrd mòr, uinneag mhòr. Ach a bheil sibh eòlach air an riaghailt a thaobh sèimheachadh a' bhudhair ann an co-bhuinn ri ainmearan iolra?*

**An tuiseal ainmneach iolra: sèimheachadh a' bhudhair (*the nominative plural: lenition of the adjective*):**

**Buidheann 1:** ainmearan a th' air an dèanamh iolra le **–(e)an aig an deireadh; tha iad fireann no boireann**. Chan eil am buadhair air a shèimheachadh (*nouns, masculine or feminine, which are pluralised with a terminal –an: the adjective is not lenited*):

*Singilte*

*Iolra*

*Iolra le alt agus “mòr”*

caileag

caileagan

na caileagan **mòra**

coille

coilltean

na coilltean **mòra**

glainne

glainneachan

na glainneachan **mòra**

bliadhna

bliadhnaichean

na bliadhnaichean **mòra**

oidhche

balla

cogadh

**Buidheann 2: Ainmearan (uile fireann) a th' air an dèanamh iolra le caolachadh:**  
Tha am buadhair air a shèimheachadh (*nouns, all masculine, which are pluralized by slenderisation. The adjective is lenited*):

<u>Singilte</u>	<u>Iolra</u>	<u>Iolra le alt agus "mòr"</u>
bodach	bodaich	na bodaich <b>mhòra</b>
cnoc	cnuic	na cnuic <b>mhòra</b>
bòrd	bùird	na bùird <b>mhòra</b>
cat		
fiadh		
boireannach		

**ACH:** Chan eil am facal **duine** a' leantainn an riaghailt seo. Ged is e **daoine** a chanar, agus gur e caolachadh a tha ga dhèanamh iolra, cha bhi am buadhair air a shèimheachadh leis. (*duine doesn't follow this rule. Even though we say daoine which is a slenderised plural, the adjective is not lenited*).

*daoine mòra, daoine beaga, CHAN E daoine mhòra, daoine bheaga*

**Eacarsaich: Eadar-theangaich seo gu Gàidhlig**

*The big Lewismen.*

*The big dogs.*

*Red cars.*

*Long bridges.*

*The big windows.*

*Dirty boys.*

## Tuisealan eile agus am Buadhair:

'S e an riaghailt bunaitheach a chumas ceart sibh – gu bheil **cruth a' bhuadhair a' leantainn air cruth an ainmeir** no cruth an ainmeir nan robh e comasach gabhail ri sèimheachadh no caolachadh. Ma tha fios agaibh mar bu chòir don ainmeir a bhith, cha tèid sibh ceàrr leis a' bhuadhair!

### An tuiseal tabhartach singilte (*the dative singular*):

Tha faclan fireann nas sìmplidhe na an fheadhainn bhoireann.

Ainmneach singilte le alt

Tabhartach singilte gun alt

Tabhartach singilte le alt

#### Faclan fireann

am bòrd mòr

air bòrd **mòr**

air a' **bhòrd mhòr**

am balach beag

le **balach beag**

leis a' **bhalach bheag**

an càr dearg

ann an càr **dearg**

anns a' **chàr dhearg**

am fear bàn

le **fear bàn**

leis an **fhear bhàn**

am monadh gorm

ann am **monadh gorm**

anns a' **mhonadh ghorm**

an t-allt mòr

ann an allt **mòr**

anns an allt **mhòr**

an doras geal

air doras **geal**

air an doras **gheal**

an solas brèagha

ann an solas **brèagha**

anns an t-solas **bhrèagha**

an sporan mòr

ann am sporan **mòr**

anns an sporan **mhòr**

Faclan boireann: *Tha dà shiostam ann, stèidhichte air co-dhiù tha daoine a' caolachadh an ainmeir. 'S iad an fheadhainn ann an litrichean troma as coltaiche: (There are two systems today based on whether or not the noun is slenderized. The ones in bold type are the ones most likely to be encountered.)*

Ainmneach singilte le alt

Tabhartach singilte gun alt

Tabhartach singilte le alt

a' bhròg dhubh

air **bròg dhubh**  
air bròig dhuibh

air a' bhròg dhubh  
air a' **bhròig dhuibh**

a' chaileag bheag

le **caileag bheag**  
le caileig bhig

leis a' chaileag bheag  
leis a' **chaileig bhig**

a' ghealach bhàn

air **gealach bhàn**  
air gealaich bhàin

air a' ghealach bhàn  
air a' **ghealaich bhàn**

a' chas bheag

air **cas bheag**  
air cois bhig

air a' chas bheag  
air a' **chois bhig**

an làmh dheas	air <b>làmh dheas</b> <i>air làimh dheis</i>	<i>air an làmh dheas</i> air <b>an làimh dheis</b>
an uinneag mhòr	aig <b>uinneag mhòr</b> <i>aig uinneig mhòir</i>	<i>aig an uinneag mhòr</i> aig <b>an uinneig mhòir</b>
an sgoil bheag	ann an <b>sgoil bheag</b> <i>ann an sgoil bhig</i>	<i>anns an sgoil bheag</i> anns an <b>sgoil bhig</b>
an Eaglais Phròstanach	ann an <b>Eaglais Phròstanach</b> <i>ann an Eaglais Phròstanaich</i>	<i>anns an Eaglais Phròstanach</i> anns an <b>Eaglais Phròstanaich</b>

### **An tuiseal tabhartach iolra (the dative plural):**

Tha seo co-ionann ris an tuiseal ainmneach iolra.

Ainmneach iolra le alt

Tabhartach iolra gun alt

Tabhartach iolra le alt

#### ***Faclan fireann***

na bùird mhòra  
na balaich bheaga  
na h-uillt mhòra  
na càraichean dearga  
na dorsan geala

air bùird mhòra  
le balaich bheaga  
ann an uillt mhòra  
air càraichean dearga  
air dorsan geala

air na bùird mhòra  
leis na balaich bheaga  
anns na h-uillt mhòra  
air na càraichean dearga  
air na dorsan geala

#### ***Faclan boireann***

na brògan dubha  
na caileagan beaga  
na h-uinneagan mòra  
na sgoiltean beaga  
na h-Eaglaisean Pròstanach

air brògan dubha  
le caileagan beaga  
fo uinneagan mòra  
ann an sgoiltean beaga  
ann an Eaglaisean Pròstanach

air na brògan dubha  
leis na caileagan beaga  
fo na h-uinneagan mòra  
anns na sgoiltean beaga  
anns na h-Eaglaisean  
Pròstanach

Thoir an aire le **feadhainn**, a tha boireann is air a bheil riochd singilte, ach aig a bheil ciall iolra:

ainmneach

feadhainn **mhòra**  
an fheadhainn **mhòra**

tabhartach

air feadhainn **mhòra**  
air an fheadhainn **mhòra**

NB: Tha e ceàrr a bhith ag ràdh “na feadhainn” (anns an tuiseal ainmneach)

Agus tha **clann** ann an suidheachadh àraidh. Seo mar a mhìnicheas Dwelly e (td 204): “[Clann] is followed by the adjective in the plural when in the nominative case, but in the singular when in other cases.”

Tha *clann* boireann agus tha ciall iolra air, ged a tha am facal fhèin singilte – agus chan eil a h-uile duine a’ leantainn nan seann riaghailtean an-diugh (*clann is feminine and refers to a plural item, although the word itself is singular – and not everybody follows the old rules today*):

<u>Ainmneach gun alt</u>	<u>Ainmneach le alt</u>	<u>Tabhartach gun alt</u>	<u>Tabhartach le alt</u>
clann <b>bheaga</b>	a’ chlann <b>bheaga</b> <i>a’ chlann bheag</i>	air cloinn <b>bhig</b> <i>air clann bheag</i>	air a’ chloinn <b>bhig</b> <i>air a’ chlann bheag</i>
clann <b>mhòra</b>	a’ chlann <b>mhòra</b> <i>a’ chlann mhòr</i>	le cloinn <b>mhòir</b> <i>le clann mhòr</i>	leis a’ chloinn <b>mhòir</b> <i>leis a’ chlann mhòr</i>

NB: Tha e ceàrr a bhith ag ràdh “na clann” no “na cloinn” airson “the children” (ainmneach)

**Eacarsaich: am buadhair anns an tuiseal thabhartach: eadar-theangaich:**

*On the big horse.*

*On the small hens.*

*With the small children.*

*In this small town.*

*In Falkirk.*

*In the red boat (bàta).*

## An tuiseal ginideach singilte (*the genitive singular*):

Le ainmearan fireann: Chan eil daoine buailteach a bhith gan caolachadh is gan sèimheachadh an-diugh far nach eil alt ann. Tha an dòigh thraidiseanta agus an dòigh ùr air an sealltainn le chèile: (*they are not so likely to be slenderised and lenited where there is no article. The traditional forms and the new forms are both shown, the latter in italics*).

Mar eisimpleir, canaidh mòran daoine an là an-diugh: **casan bùird** (*legs of a table*), **casan bòrd mòr** (*legs of a big table*), agus **casan a' bhùird mhòir** (*the legs of the big table*).

***Rule of thumb: use uninflected forms where there is no article, but the inflected forms where there is an article***

### Ainmn.singilte le alt

### Ginideach singilte gun alt

### Ginideach singilte le alt

am bòrd mòr

casan **bòrd mòr**  
*casan bùird mhòir*

casan **a' bhùird mhòir**

am balach beag

leabhar **balach beag**  
*leabhar balaich bhig*

leabhar **a' bhalaich bhig**

an càr dearg

solais **càr dearg**  
*solais càir dheirg*

solais **a' chàir dheirg**

am fear glic

beachd **fear glic**  
*beachd fir ghlic*

beachd **an fhir ghlic**

am monadh gorm

mullach **monadh gorm**  
*mullach monaidh ghuirm*

mullach **a' mhonaidh ghuirm**

an t-allt mòr

drochaid **allt mòr**  
*drochaid uillt mhòir*

drochaid **an uillt mhòir**

an doras geal

aghaidh **doras geal**  
*aghaidh dorais ghil*

aghaidh **an dorais ghil**

an solas brèagha

sealladh **solais brèagha**  
*sealladh solais bhrèagha*

sealladh **an t-solais bhrèagha**

Le ainmearan boireann: Tha an dòigh thraidiseanta agus *an dòigh ùr* air an sealltainn. Tha an diofar stèidhichte air co-dhiù tha “e” aig deireadh an ainmeir. Ma bhitheas, bidh “e” aig deireadh a’ bhuidhair cuideachd agus cha bhi e air a shèimheachadh. Mura h-eil an “e” ann, bidh am buadhair as aonais “e” agus bidh e air a shèimheachadh. (*the traditional and modern modes are both shown, the latter in italics. The difference is based on whether there is a terminal “e” on the noun. If there is, there will also be a terminal “e” on the adjective and it will be unlenited. If there is not, there will be no “e” on the adjective and it will be lenited.*)

<u>Ainmn.singilte le alt</u>	<u>Ginideach singilte gun alt</u>	<u>Ginideach singilte le alt</u>
a’ bhròg dhubh	bonn <b>bròig dhuibh</b> <i>bonn bròige duibhe</i>	<i>bonn na bròig dhuibh</i> bonn <b>na bròige duibhe</b>
a’ chaileag bheag	ceann <b>caileig bhig</b> ceann caileige bige	<i>ceann na caileig bhig</i> ceann <b>na caileige bige</b>
a’ chas bheag	bonn <b>cois bhig</b> <i>bonn coise bige</i>	<i>bonn na cois bhig</i> bonn <b>na coise bige</b>
an làmh dheas	miotag <b>làimh dheis</b> <i>miotag làimhe deise</i>	<i>miotag na làimh dheis</i> miotag <b>na làimhe deise</b>
an uinneag mhòr	glainne <b>uinneig mhòir</b> <i>glainne uinneige mòire</i>	<i>glainne na h-uinneig mhòir</i> glainne <b>na h-uinneige mòire</b>
an sgoil bheag	clann <b>sgoil bhig</b> <i>clann sgoile bige</i>	<i>clann na sgoil bhig</i> clann <b>na sgoile bige</b>

**NB:** Bidh feadhainn a’ leantainn riaghailt ùr nan ainmearan fireann nuair nach eil alt ann – cha bhi iad a’ caolachadh an ainmeir no a’ bhuidhair idir. The examples in the central column might be supplemented by another model – no slenderization at all (like their masculine counterparts) eg **bonn bhròg dhubh** (a black shoe’s sole); **bonn cas bheag** (a small foot’s sole); **clann sgoil bheag** (a small school’s children).

### **Buadhairean nach bi air an caolachadh uair sam bith (*non-slenderising adjectives in the genitive singular*)**

**Tha cuid de bhudhairean ann nach gabh caolachadh, eg bochd, beò, ceàrr:**

Le ainmearan fireann:

<u>Ainmn.singilte le alt</u>	<u>Ginideach singilte gun alt</u>	<u>Ginideach singilte le alt</u>
am fear <b>bochd</b>	beachd fir <b>bhochd</b> <i>beachd fear bochd</i>	beachd an fhir <b>bhochd</b>

an cat **beò**

earball cait **bheò**  
*earball cat beò*

earball a' chait **bheò**

am pàipear **ceàrr**

coltas pàipeir **cheàrr**  
*coltas pàipear ceàrr*

coltas a' phàipeir **cheàrr**

**Le ainmearan boireann:**

Ainmn. singilte le alt

Ginideach singilte gun alt

Ginideach singilte le alt

a' chailleach **bhochd**

beachd cailliche **bochda**  
*beachd caillich bhochd*

beachd na cailliche **bochda**  
*beachd na caillich bhochd*

a' chearc **bheò**

ceann circe **beò**  
*ceann circ bheò*

ceann na circe **beò**  
*ceann na circ bheò*

an fhidheall **cheàrr**

bonn fidhle **ceàrr**  
*bonn fidheall cheàrr*

bonn na fidhle **ceàrr**

**Eacarsaich eadar-theangachaidh:**

*The body of a large man.*

*The small man's suitcase.*

*In front of the small woman.*

*The policies of the European Union.*

*He is training the big dog*

.

## An tuiseal ginideach iolra (the genitive plural):

Faodaidh sinn an fheadhainn seo a sgaradh gu dà bhuidhinn:

**Buidheann 1:** Le ainmearan a th' air an dèanamh **iolra** anns an tuiseal ainmneach le **caolachadh** (tha iad uile fireann), tha dòigh thràidiseanta agus dòigh ùr ann. 'S e an dòigh an an litrichean troma as cumanta a th' ann an-diugh: (*with nouns which are pluralised in the nominative by **slenderisation** – they are all masculine - there are traditional and modern modes*). The most common modes are given in bold.:

An-diugh, canaidh mòran **casan nam bòrd** (gun bhuadhair), ach **casan nam bùird mhòra** (le buadhair), rud nach canadh na seann Ghàidheil (chanadh iadsan **casan nam bòrd mòra**).

<u>Ainmn.iolra le alt</u>	<u>Ginideach iolra gun alt</u>	<u>Ginideach iolra le alt</u>
na bùird mhòra	casan <b>b(h)ùird mhòra</b> <i>casan bhòrd mòra</i>	<i>casan nam bùird mhòra</i> casan <b>nam bòrd mòra</b>
na balaich bheaga	aodach <b>b(h)alaich bheaga</b> <i>aodach bhalach beaga</i>	<i>aodach nam balaich bheaga</i> aodach <b>nam balach beaga</b>
na fir bhàna	cinn <b>f(h)ir bhàna</b> <i>cinn fhear bàna</i>	<i>cinn nam fir bhàna</i> cinn <b>nam fear bàna</b>
na h-uillt mhòra	bruaichean <b>uillt mhòra</b> <i>bruaichean allt mòra</i>	<i>bruaichean nan uillt mhòra</i> bruaichean <b>nan allt mòra</b>
na solais bhrèagha	sealladh <b>s(h)olais bhrèagha</b> <i>sealladh sholas brèagha</i>	<i>sealladh nan solais bhrèagha</i> sealladh <b>nan solas brèagha</b>

**Buidheann 2:** Le ainmearan a th' air an dèanamh iolra anns an tuiseal ainmneach le **-an** aig an deireadh (faodaidh iad a bhith fireann no boireann), chan eil am buadhair air a shèimheachadh agus tha dìreach aon dòigh ann (*with nouns which are pluralised in the nominative by a terminal **-an** – they may be masculine or feminine – the adjective is not lenited, and there is only one mode*):

<u>Ainmn.iolra le alt</u>	<u>Ginideach iolra gun alt</u>	<u>Ginideach iolra le alt</u>
na caraichean dearga	solais <b>chàraichean dearga</b>	solais <b>nan càraichean dearga</b>
na dorsan geala	aghaidh <b>dhorsan geala</b>	aghaidh <b>nan dorsan geala</b>
na drochaidean beaga	clach <b>dhrochaidean beaga</b>	clach <b>nan drochaidean beaga</b>
na sgoiltean beaga	dorsan <b>sgoiltean beaga</b>	dorsan <b>nan sgoiltean beaga</b>
na seirbheisean ùra	toiseach <b>sheirbheisean ùra</b>	toiseach <b>nan seirbheisean ùra</b>
na saighdearan Seumasach	feachd <b>shaighdearan</b> <b>Seumasach</b>	feachd nan <b>saighdearan</b> <b>Seumasach</b>
na h-Eaglaisean Pròstanach	muintir <b>Eaglaisean</b> <b>Pròstanach</b>	muintir nan <b>Eaglaisean</b> <b>Pròstanach</b>

**“An fheadhainn” anns an tuiseal ghinideach le buadhair:**

An-diugh, is gann gun cluinnear an dòigh thraidiseanta. Tha an dòigh ùr chumanta air a sealltainn ann an litrichean troma (*nowadays you will hardly meet with the traditional mode. The common modern mode is shown in bold*):

Ainmeach

an fheadhainn mhòra

Ginideach gun alt

(coltas feadhna mòra)

(coltas feadhnach mòra)

**coltas fheadhainn mhòra**

Ginideach le alt

(coltas na feadhna mòra)

(coltas na feadhnach mòra)

**coltas an fheadhainn mhòra**

**Eacarsaich eadar-theangachaidh:**

*The bench of the old Frenchmen (bodach).*

*The opinions of the small men (fear).*

*The opinions of small men (fear).*

*The big women's clothes.*

*The doors of the red cars.*

*The redcoats' guns.*

*This is for (airson) the big boys (balach).*

*This is for the big boys (gille).*

*This is for big boys (gille).*

*Thanks for the long letters.*

**Am buadhair le ainmean pearsanta (the adjective with personal names):**

Fireann

Taigh Sheumais Bhig

Taigh Thormoid Bhig

Taigh Nèill Bhig

Boireann

Taigh Mòrag Bheag/Mòraig Bhig

Taigh Anna Bheag/Anna Bhig

Dè an diofar a th' ann eadar ainmean boireann is ainmean fireann?

### 3. Eacarsaichean & Ceartachadh Mhearachdan

*Tha co-dhiù aon mhearachd anns gach earrann ruisg a leanas. Cuir ceart e agus mìnich carson a tha e ceàrr.*

Bha Ealasaid a' cluich a' chlàrsaich bho mhoch gu dubh. Bha i air leth sgìth aig an deiridh.

Tha muinntir an Fhraing gu math measail air seilcheagan mhòra.

Tha an uan sin gu math lag. Saoil am bi e beò a-màireach?

Bha a' mhèirleach a' coimhead air an t-airgead. "Cha robh airgead mhòr mar seo agam riamh," thuirt e.

Dè an rud dorch a tha sin na laighe anns an sneachd? Tha coltas corp air.

Am faca tu an naidheachd sin anns a' Phàipear Bhig? Mar as trice cha bhi mi a' leughadh am pàipear sin gu DiSathairne ach leugh mi an-diugh e.

Bidh a' chailleach sin a' glanadh an eaglais a h-uile DiLuain. 'S e obair cruaidh a th' aice.

Dè an cabhag a th' ort? Bidh an clann ceart gu leòr airson greis eile.

Bha mi aig a' cholabhairt, ceart gu leòr, ach chan e sin am peann agam-sa. Bha dùil agam gur e do pheann sa a bh' ann.

Thàinig i a mach às a' choinneimh aig ochd uairean Oidhche Chiadain agus an uair sin chaidh i a dh'ionnsaigh Glaschu air an rathad mòr. Chan eil sgeul oirre a-nise agus thathar ga lorg air feadh a' Ghalltachd.

*Eadar-theangaich na seantansan a leanas gu Gàidhlig: make sure you can critically analyse and justify your grammatical decisions.*

Wee Paul's book is on the round table.

Big Elizabeth's bottle is full of fresh milk.

The people of Gairloch (Geàrrloch) are very nice.

The people of Stornoway are very nice.

The people of Fort William are very nice.

The people of Nairn (Inbhir Narann) are also very nice.

What's annoying the wee children?

The legs of that black dog over there are very long.

I found the nest of the hen.

I found the nest of the grouse (cearc-fhraoich).

Look at the paint on your new brown shoe!

Look at the paint on your new brown shoes!

I'll go to the sermon today.

There are small deer in the big wood.

You have a lot of (mòran) money, but I have a lot of contentment (toileachas)

We call this place “the pool of the big salmon” (bradan).

The salmon is called “the fish of knowledge” (eòlas).

My curse (mallachd) on the big sheep (plural)!

## 4. Tuilleadh air litreachadh (*more on spelling*)

### An t-asgair (*the apostrophe*):

'S e am prionnsabal a th' air cùlaibh cleachdadh an asgair gu bheil e a' seasamh airson litir, no litrichean, nach eil ann (*the principle behind the use of the apostrophe is that it stands for a letter, or letters, which are missing*)

1. Tha e a' seasamh airson an **g** ann an **ag** (*it stands for the g in ag*):

**tha e a' falbh                      bha iad a' dèanamh sin                      bidh mi a' leughadh**

**NB:** Tha beàrn meudachd litreach ann eadar an t-asgair agus toiseach an ath-fhacail (*there is a single space left between the apostrophe and the start of the next word*).

2. Chan eil asgair ann a-nise far a bheil **ag + riochdair seilbheach + ainmear gnìomhaireach** (*there is no longer an apostrophe where there is ag + possessive pronoun + verbal noun*):

<u>mar a bha e</u>	<u>a-nis</u>
<b>bha e 'gam iarraidh</b>	<b>bha e gam iarraidh</b>
<b>tha mi 'gad mholadh</b>	<b>tha mi gad mholadh</b>
<b>tha mi 'gan trèigsinn</b>	<b>tha mi gan trèigsinn</b>

3. Tha asgair ann as dèidh **dh** far a bheil sin a' comharrachadh **an tràtha chaithte** ann an gnìomhair, ach chan eil beàrn ann eadar an t-asgair agus an ath-fhacal (*the apostrophe occurs after dh where it is a marker of the past tense of a verb, but there is no space between the apostrophe and the next word*):

**dh'fhalbh e                      dh'obraich i gu math                      dh'ith e am buntàta**

4. Faodaidh 's dhol an àite **is** no **agus** ann am mòran suidheachaidhean (*is and agus may be replaced by 's in many situations*):

**'s dòcha gum bi                      's math gu bheil                      's mise Iain**  
**air ais 's air adhart                      's truagh nach do dh'fhuirich mi tioram air tìr**

5. Tha asgair a' seasamh airson "o" anns na riochdairean seilbheach **mo** agus **do** ro fhuaimeag no "f" air a leantainn le fuaimreag. Tha beàrn ann eadar an t-asgair agus an ath-fhacal (*an apostrophe stands for "o" in the possessive pronouns mo and do before a vowel or "f" followed by a vowel. There is a space between the apostrophe and the next letter*):

**m' athair                      d' aodann                      m' ad                      m' fhalt                      d' fhàinne**

6. Nuair a facal a tha a' crìochnachadh ann am fuaimreag air a leantainn le facal a tha a' tòiseachadh le fuaimreag, faodaidh asgair a dhol an àite na fuaimreig mu dheireadh anns a' chiad fhacal (*when a word ending with a vowel is followed by another word which starts with a vowel, an apostrophe may replace the final vowel of the first word*):

**duin' òg                      gill' èasgaidh                      boinn' uisge**

7. Nuair a tha gnìomhairean leithid **tha** no **bha** a' tighinn ro fhuaimreag, bithear uaireannan a' sgrìobhadh **th'** no **bh'** (*where verbs like **tha** or **bha** come before a vowel, **th'** or **bh'** are sometimes written*):

**dè th' aige na phòcaid?      sin an rud a bh' agam**

8. Chuir GOC riochd ùr air cuid de dh'abairtean, faighinn cuidhteas an asgair (*GOC standardised some phrases, getting rid of the apostrophe*):

*mar a bha e*

**là'rna mhàireach**

**ce'là-deug**

**co'là-deug**

*a-nis*

**làrna-mhàireach**

**ceala-deug**

**cola-deug**

**Bi (the verb "to be"):**

- a. An infinideach (the infinitive):      **(a) bhith**  
 tha e a' còrdadh rium **a bhith** ann an Glaschu  
 tha mi gu **bhith** ann an Inbhir Nis  
 bu chòir dhut **a bhith** faiceallach
- b. An riochd àicheil (negative):      **bhi**  
 cha **bhi** e ann.  
 cha **bhi** dad a' tachairt
- c. An tràth teachdail (the future tense):      **bidh**  
 far nach eil cuideam      **bidh** e a' dol don bhùth  
    **bidh** mi air ais a-màireach  
    **bidh** iad aig an tràigh
- far a bheil cuideam      **bithidh**  
    am bi thu ann? O, **bithidh!**
- agus      **bi**  
    **am bi?**      am **bi** thu ann?  
    cait' am **bi** thu?
- nach bi?**      nach **bi** thu ann?  
    nach **bi** e nas fheàrr an ath-bhliadhna?
- gum bi**      tha mi toilichte gum **bi** thu ann  
    tha mi an dòchas gum **bi** thu nas fheàrr
- an riochd àithneach:      **bi**      **bi** sàmhach!  
 (*imperative*)      na **bi** gòrach!
- d. An tràth teachdail dàimheach (the relative future):  
 far nach eil cuideam:      **bhios**      ciamar a **bhios** e ann an New York?  
    ged a **bhios** e fuar, bidh e math  
 far a bheil cuideam: **bhitheas**      's e a **bhitheas!**

e. An tràth cùmhnantach (the conditional):

far nach eil cuideam

**bhiodh**

**bhiodh** sin sgoinneil!  
cha **bhiodh** sin math idir  
ged a **bhiodh** e beartach...

**biodh**

bha e an dòchas gum **biodh** e math  
ged nach **biodh** e deiseil, rachadh i ann

far a bheil cuideam:

**bhitheadh**

'S mi a **bhitheadh**!  
biodh sin mar a **bhitheadh e**

Eacarsaich: cuir an dreach ceart air a' ghnìomhair "bi"; lìon na beàrnan:

Màiri: Am b\_\_\_\_\_ duine sam bith ann?

Dòmhnall: B\_\_\_\_\_ Alasdair ann co-dhiù.

Màiri: Am b\_\_\_\_\_ ?

*Dòmhnall: O, b\_\_\_\_\_ ! B\_\_\_\_\_ e a' dol  
ann a h-uile là. Agus tha e gu b\_\_\_\_\_ ann an-diugh mar as àbhaist.*

Màiri: Cha b\_\_\_\_\_ e ann an-diugh. B\_\_\_\_\_ e aig an fhèill-reic.

Tha mi a' smaoinichadh gum b\_\_\_\_\_ co-dhiù.

Dòmhnall: Nach b\_\_\_\_\_ e aig baile feasgar, ma-thà?

Màiri: Cha b\_\_\_\_\_.

Dòmhnall: O, b\_\_\_\_\_, tha mi deimhinne gum b\_\_\_\_\_. 'S ann feasgar a  
b\_\_\_\_\_ a nighean a' tighinn a chèilidh air.

Màiri: O, 's i a b\_\_\_\_\_ ! Dhìochuimhnich mi mu a deidhinn.

Dòmhnall: Ma b\_\_\_\_\_ Dòmhnall air falbh, cha b\_\_\_\_\_ fios aice. Chan eil  
fòn aice.

Màiri: Shaoileadh tu gum b\_\_\_\_\_. Leis an airgead a th' aice, shaoileadh  
tu gum b\_\_\_\_\_ fòn aice.

Dòmhnall: Ai, ach, tha thusa beartach is chan eil fòn agadsa.

Màiri: Beartach? Mise? B\_\_\_\_\_ sàmhach!

**sa, san, sna, son agus 's an:**

Seo na giorrachaidhean a thathar a' moladh:

<b>anns an</b>	<b>san</b>	bha e <b>san</b> amar-snàmh
<b>anns a'</b>	<b>sa</b>	tha e <b>sa</b> chidsin
<b>anns na</b>	<b>sna</b>	tha iad <b>sna</b> h-oghaichean
<b>seo</b>	<b>sa</b>	's toigh leam an leabhar <b>sa</b> thachair sin an t-seachdain <b>sa</b> chaidh
<b>agus a/is a</b>	<b>'s a</b>	fhad 's <b>a</b> bha mi a' feitheamh
<b>agus an/is an</b>	<b>'s an</b>	bha mi fhìn 's <b>an</b> cù ann còmhla
<b>airson</b>	<b>son</b>	tha mi <b>son</b> a bhith cinnteach

**Abairtean roimhearach: giorrachaidhean**  
**(prepositional phrases: abbreviations)**

**do + mo + thaigh = dom thaigh**  
**dha + mo + thaigh = dham thaigh**

<b><i>Roimhear</i></b>	<b><i>Riochdair</i></b>	<b><i>Riochdair roimhearach</i></b>
do/dha	mo	dom/dham
	do	dod/dhad
	a (masc)	da/dha (thaigh)
	a (fem)	da/dha (taigh)
	ar	dor/dar/dhar
	ur	dur/dhur
	am	dom/dam/dham
	an	don/dan/dhan

**bho + mo + charaid = bhom charaid**  
**dha + mo + charaid = dham charaid**

<b><i>Roimhear</i></b>	<b><i>Riochdair</i></b>	<b><i>Riochdair roimhearach</i></b>
bho/o	mo	bhom/om
	do	bhod/od
	a (masc)	bho/o (a thaigh)
	a (fem)	bho/o (a taigh)
	ar	bhor/or
	ur	bhur
	am	bhom/om
	an	bhon/on

Agus mar an ceudna:

<i>Roimhear/ riochdair</i>	<i>mi</i>	<i>thu</i>	<i>e/i</i>	<i>sinn</i>	<i>sibh</i>	<i>iad</i>
<b>de</b>	dem dhem	ded dhed	de (a) dhe (a)	der dher	dur dhur	den/dem dhen/dhem
<b>fo</b>	fom	fod	fo (a)	for	fur	fon/fom
<b>gu</b>	gum	gud	gu (a)	gar	gur	gun/gum
<b>le</b>	lem	led	le (a)	ler	lur	len/lem
<b>ri</b>	rim	rid	ri (a)	rir	rur	rin/rim
<b>ro</b>	rom	rod	ro (a)	ror	rur	ron/rom
<b>tro</b>	trom	trod	tro (a)	tror	trur	tron/trom

**Eacarsaich: atharraich seo gu Gàidhlig an là an-diugh (bho Eachdraidh na h-Alba le Aonghas MacCoinnich, 1867):**

Bha ban-tighearnan 's an àm ud a' giùlan earradh fhada. Thug a' bhan-tighearn thapaidh so fear-frithealaidh a steach leatha do'n Chaisteal, a bha cumail suas a h-earraidh. Bha ceann an fhir so còmhdaichte le luideagaibh, mar gu'm biodh e air bhith 'an sabaist. Dh'fhàg i 'm fear so an àit' an Iarla, 's thug i 'n t-Iarla mach 'na 'riochd. O'n bha 'n oidhch' air dorchachadh mu'n do phill i mach, fhuair i féin 's an t-Iarla seachad air gach geàrd gu sàbhailte. 'An tearc làithibh an déigh sin ràinig Iarla Earra-Ghàeil an Olaind gu tearuinte.

## Facal san Dealachadh

Cuimhnich gu bheil thu a' riochdachadh dòigh smaoinichaidh agus cultair a tha eadar-dhealaichte bho chultar na Beurla. Cùm do chòmhradh is sgrìobhadh cho Gàidhealach 's a ghabhas, le bhith a' cleachdadh ghnàthasan-cainnt Gàidhlig, seach feadhainn Bheurla, nuair a tha sibh a' bruidhinn agus a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig. Chan e gràmar a-mhàin a tha a' cunntadh. Tha blas agus gnàthasan do chainnt is do sgrìobhadh air leth cudromach cuideachd.

Seo eacarsaich anns an dealachadh a bhios a' cumail sin nad chuimhne. Tagh na freagairtean a tha ceart:

- a. A bheil thu a' dol a chur a-steach air mo bhriogais?  
*Are you going to shorten my trousers?*  
*Are you going to do something unspeakable in my trousers?*
  
- b. Bha mi gam ithe fhèin airson mo ghòraich.  
*I was eating myself for my foolishness*  
*I was sorely vexed at my own foolishness*
  
- c. Na tig nam ghaoth.  
*I am suffering from flatulence.*  
*Don't come near me.*
  
- d. Bha an doras air fhàgail air a' chlab/air clab a' chraois  
*The door was left locked*  
*The door was left wide open*
  
- e. Tha còig not aig Alasdair orm  
*I owe Alasdair £5*  
*Alasdair owes me £5*
  
- f. Cò leis thu?  
*Who is with you?*  
*Who are your parents/forebears?*  
*Who are your children?*
  
- g. Cuir thuige do phìob  
*Tune your pipe (musician)*  
*Get rid of your pipe (plumber)*

*Light your pipe (smoker)*

- h. Bhioraich mi mo chluasan  
*I sharpened my ears with a pencil sharpener*  
*I went to a "Star Trek" party*  
*I listened attentively*
- i. Cha do rinn mi bun no bàrr dheth  
*I didn't manage to make any cream*  
*I didn't make head or tail of it*
- j. 'S iomadh buaidh a tha an cois na h-òige  
*Young legs are most powerful*  
*Youth has many virtues*
- k. Tha thu ann am beul a' bhaile  
*You are at the entrance to the village*  
*You are the talk of the village*
- l. Is lugha orm e  
*He is smaller than me*  
*I am smaller than him*  
*I dislike him*

***Deagh thuras dhachaigh dhut!***